

Leasan air Grace Darling



Foir-shealladh

Anns a' ghnìomh seo a mhaireas uair a thìde gheibh sgoilearan cothrom rannsachaidh mu bheatha Grace Darling agus sùil a thoirt air na choilean i na beatha. Gheibh iad cothrom an rannsachadh aca a thaisbeanadh air beulaibh a' chlas agus às-dèidh sùil a thoirt air na choilean i, cruthaichidh iad loidhne-tìm. An uairsin, gheibh na sgoilearan cothrom smaoineachadh mu cheistean a bhiodh iad airson faighneachd do Ghrace nam biodh iad air cothrom fhaighinn coinneachadh. Feumar ùine a-bharrachd ma thathar airson agallamh a dhèanamh le Grace Darling tron ghnìomh 'hot seat'.

Goireasan & co-òrdanachadh

- ★ Cothrom faighinn chun eadar-lìon agus leabhraichean fiosrachaidh
- ★ Bùird-geal agus peanaichean
- ★ Pàipear agus peanaichean dathte
- ★ Feumar na sgoilearan a chur ann am buidhnean beaga (dithis no barrachd)

Structar



0-5 mionaidean

Minich do na sgoilearan gu bheil thu ag iarraidh orra nas urrainn dhaibh fhaighinn a-mach mu Grace Darling tro bhith a' cleachdadh an eadar-lìon agus leabhraichean fiosrachaidh. Bu chòir dhaibh pìosan fiosrachaidh cudromach a sgrìobhadh sìos air na duilleagan pàipeir a gheibh iad airson 's gun urrainn dhaibh seo a thaisbeanadh don chlas air fad.



5-25 mionaidean

Iarr air na sgoilearan tòiseachadh air an rannsachadh aca. Bidh iad ag obair ann am buidhnean agus feumaidh iad ùine airson an rannsachadh seo a dhèanamh. Mar a tha an obair seo a' gabhail àite bu chòir stad a chur bho àm gu àm airson pìosan fiosrachaidh innse mu dheidhinn Grace Darling a nì dealbh dhuinn air a' bhoireannach iongantach seo.



25-35 mionaidean

Aon uair is gu bheil an rannsachadh deiseil, bu chòir an clas a thighinn air ais còmhla agus bu chòir beachdachadh air na fhuair iad a-mach mu dheidhinn Grace.



35-45 mionaidean

Cruthaich loidhne-tìm de bheatha Grace Darling le bhith a' beachdachadh air na sgoilearan mu cò i agus dè am prìomh rud a choilean i na beatha. Beachdaich air na neartan gaisgeil agus treuntas a bha aice.



45-50 mionaidean

Iarr air na sgoilearan smaoinichadh air dè na ceistean a dh'fhaighnicheadh iad do Ghrace nam biodh cothrom air a bhith aca agallamh a dhèanamh leatha. Ann am paidhrichean, bu chòir dhaibh beachdachadh air na seòrsa ceistean a chuireadh iad oirre.



50-60 mionaidean

Iarr air a' chlas a thighinn air ais còmhla agus iarr air gach paidhir an ceist aca a leughadh a-mach. Feumar ùine a-bhar-rachd airson agallamh a dhèanamh le Grace Darling tron 'hot seat'.

Beachdan airson leasan a-bharrachd

- ★ Gnìomh 'hot seat' le Grace Darling
- ★ Film goirid a dhèanamh bheatha Grace Darling
- ★ Eachdraidh-bheatha a dhèanamh de Grace Darling.